

Mothachas

Mothachas anns a chlas

Tha seo feumail mar phàirt de Slàinte agus Sunnd. Faodar leasachadh air na beachdan a tha an seo.

Cuimhnich nach eil ann am mothachas ach a bhith a' toirt an aire air mar a tha cùisean anns an àm a th' ann. Tha buannachdan ann a thaobh sgilean èisteachd, comas an aire a chumail air an obair, air modh agus air misneachd nan sgoilearan.

Eacarsaichean

1 Ag aithneachadh nam faireachdainnean



Iarr air sgoilearan smaoineachadh air mar a tha iad a' faireachdainn.

- Faodar dealbh a dhèanamh mar emoji.
 - Faodar dealbh dhiubh fhèin a tharraing le builgean smaoineachaidh timcheall air.
 - Faodar sgrìobhadh mar a tha iad a' faireachdainn.
 - Faodar bruidhinn ri caraid mu dheidhinn.
1. A bheil fhios aca carson a tha iad a' faireachdainn mar seo?
 2. An urrainn dhaibh a bhith taingeil (mas e faireachdainn math a th' ann)?
 3. A bheil dòighean aca gus faighinn seachad air (mas e faireachdainn dona a th' ann)?

Mothachas

2 Sgrìobhadh sgiobalta

Tha seo na dheagh eacarsaich airson fòcasadh air aon rud aig aon àm. Tha iad an aghaidh a' chloc agus faodar duaisean no puingeann a thoirt airson nam pìosan as fheàrr.

1. Iarr air na sgoilearan suidhe aig bòrd le peann agus pàipear.
2. Cuir stad-chloc air airson mionaid.

Feumaidh iad sgrìobhadh gun sgur fad na mionaid. Chan eil e gu diofar dè sgrìobhas iad an toiseach – ged a bhiodh iad a' sgrìobhadh an ainm no aon fhacal a-rithist agus a-rithist. Thig piseach air tro ùine.



3 A' tarraing ceòl



Tha ceòl na dheagh dhòigh air sgoilearan a mhisneachadh. Tha tòrr bhuanachdan bho bhith a' seinn, a' cluich agus ag èisteachd ri ceòl. Seo eacarsaich far am faod sgoilearan dealbhan a tharraing bhon cheòl.

1. Tagh pìos ciùil sam bith.
2. Iarr air na sgoilearan suidhe gu socair agus èisteachd.
3. Fhad 's a tha an ceòl a' cluich, faodaidh iad loidhnichean, cumaidhean no dealbhan a tharraing a tha, nam beachd-san, a' riochdachadh na tha iad a' cluinntinn.